



Teisteanais
Nàiseanta
SÀMPALL A-MHÀIN

SQ19/N5/01

Cruinn-eòlas

Deit – Neo-iomchaidh

Ùine – 1 uair agus 30 mionaid

Comharran iomlan – 60

Earrann 1 – ÀRAINNEACHDAN FISICEACH – 20 comharra

Feuch AN DÀRNA CUID Ceist 1 no Ceist 2 AGUS Ceistean 3, 4 agus 5

Earrann 2 – ÀRAINNEACHDAN DAONNA – 20 comharra

Feuch ceistean 6, 7 agus 8

Earrann 3 – NITHEAN DOMNHANTA – 20 comharra

Feuch a DHÀ sam bith de na leanas

Ceist 9 – Atharrachadh Gnàth-shìde

Ceist 10 – Buaidh Obair Dhaonna air an Àrainneachd Nàdarra

Ceist 11 – Cunnartan Àrainneachd

Ceist 12 – Malairt agus Cruinneachas Ceist 13 – Turasachd

Ceist 14 – Slàinte

Mus dèan thu oidhirp air na ceistean, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil leabhran nam freagairtean airson an aon chuspair agus airson na h-aon ìre ris a' phàipear-cheistean.

Bu chòir dhut na ceistean a leughadh gu cùramach.

Feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir air leabhran nam freagairtean.

Bheirear an-còmhnaidh creideas airson mhapaichean agus dhiagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan. Mura dèan thu sin, 's dòcha gun caill thu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo.

Earrann 1 – ÀRAINNEACHDAN FISICEACH – 20 comharra

Feuch AN DÀRNA CUID air Ceist 1 no Ceist 2
AGUS Ceistean 3, 4 agus 5

Ceist 1 – Àrd-thalamh eighichte

- (a) Faic Earrann-mhapa (A) Tomhas Riaghaltais de sgìre Inbhir Pheofharain

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Earrann-mhapa (A) Tomhas Riaghaltais, maids na feartan aig àrd-thalamh eighichte sa chlàr gu h-ìosal ris na comharran-clèithe ceart.

Feartan àrd-thalamh eighichte		
gleann air chumadh U	coire	spor gearrte

Tagh bho chomharran-clèithe			
525658	467677	483685	476683

3

- (b) Mìnich cruthachadh gleann air chumadh U.
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt.

4

Comharran iomlan

7

A-NIS FEUCH CEISTEAN 3, 4 AGUS 5

NA FREAGAIR A' CHEIST SEO MA FHREAGAIR THU CEIST 1 A MAR-THÀ

Ceist 2 – Aibhnichean agus Glinn

- a) Faic Earrann-mhapa (A) Tomhas Riaghaltais de sgìre Inbhir Pheofharain.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Earrann-mhapa (A) Tomhas Riaghaltais **maids** na feartan aig aibhnichean agus glinn sa chlàr gu h-ìosal ris a' chomharra-clèithe cheart.

Feartan aibhne agus glinne		
gleann le cumadh-V	lùb	abhainn a' ruith IT

Tagh bho chomharran-clèithe			
522623	457668	523594	435663

3

- b) Mìnich mar a thèid loch bogha-daimh a chruthachadh.

'S dòcha gum bi thu airson diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt.

4

Comharran iomlan

7

A-NIS FEUCH CEISTEAN 3, 4 AGUS 5

A-NIS FEUCH CEISTEAN 3, 4 AGUS 5

Ceist 3

Diagram C3A – Trast-earrann bho GG 466658 gu GR 510580





Diagram C3b




Faic Earrann-mhapa A Tomhas Riaghaltais de sgìre Inbhir Pheofharain agus lorg an tar-dhealbh a tha air a shealltainn air Diagraman C3A agus C3B gu h-àrd.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Earrann-mhapa A Tomhas Riaghaltais, maids na litrichean A gu C ris na feartan cearta, a' taghadh bho na feartan gu h-ìosal.



rèile	coilltearachd	Abhainn Pheothair	rèile air a toirt às a chèile
-------	---------------	-------------------	-------------------------------

Diagram C4 – Clàr Sionoptaig airson 15 Faoilleach 2010



Bèal Feirste

Stockholm




Faic Diagram C4 gu h-àrd.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C4, **thoir adhbharan** seachad airson nan eadar-dhealachaidhean anns an t-sìde eadar Bèal Feirste agus Stockholm.

Ceist 5:

Diagram C5 – Cleachdadh-fearainn ann an Diofar Sheallaidhean-tìre



Faic Diagram C5 gu h-àrd.

Tagh **aon** seòrsa dealbh-tìre a tha thu air a rannsachadh.

Airson an t-seòrsa dealbh-tìre a thagh thu, **thoir cunntas mionaideach** air dòighean sam faod còmhstri a bhith ann mu co-dhiù a **dhà** de na cleachdaidhean-fearainn gu h-àrd.

Earrann 2 – ÀRAINNEACHDAN DAONNA – 20 comharra

Feuch ceistean 6, 7 agus 8

Ceist 6

Faic Earrann-mhapa B Tomhas Riaghaltais de sgìre Choventry

- (a) Cleachd cuspair **b gus fianais mapa** a thoirt a sheallas gu bheil pàirt de PSG Choventry suidhichte ann an ceàrnag-clèith 3379. 3
- (b) Tha plana ann ionad-bhùithtean a thogail ann an ceàrnag-clèithe 3981.
Thoir cunntas air na buannachdan **agus/no** na h-eas-bhuannachdan a tha an lùib an làraich seo airson ionad-bhùithtean.
Feumaidh tu fianais bho Earrann-mhapa (B) a chleachdadh gus taic a chur rid fhreagairt. 5

Comharran iomlan 8

Ceist 7

Diagram C7 – Cùisean a tha a' toirt buaidh air tuathanachas an-diugh

Tuathanachas organach	Leudachadh gu obraichean eile	Bàrr GM (atharrachadh ginteil)
Bith-chonnaidhean	Teicneòlas ùr	Poileasaidhean riaghaltais


Faic Diagram C7.

A thaobh an dàrna cuid dùthaich a tha leasaichte no dùthaich a tha fo leasachadh, thoir cunntas mionaideach air buaidh a dhà de na factaran ann an Diagram C7.

6

Ceist 8

Diagram C8 – Pioramaidean Àireamh-sluaigh airson Ceinia agus na Stàitean Aonaichte.



Thoir sùil air Diagram C8 gu h-àrd.

Mìnich na h-atharrachaidhean eadar structaran àireamh-sluaigh airson Ceinia agus na Stàitean Aonaichte

RACH A-NIS GU EARRANN 3

Earrann 3 – NITHEAN DOMNHANTA – 20 comharra

Feuch DÀ cheist sam bith

Ceist 9 – Atharrachadh Gnàth-shìde

Ceist 10 – Buidh Obair Dhaonna air an Àrainneachd Nàdarra

Ceist 11 – Cunnartan Àrainneachdail


Ceist 12 – Malairt agus Cruinneachas

Ceist 13 – Turasachd

Ceist 14 – Slàinte

Ceist 9 – Atharrachadh Gnàth-shìde

Diagram C9 – Teòthachd Chruinneil Chuibheasach (puingean C)



(a) Thoir sùil mhionaideach air Diagram C10.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C9, **thoir cunntas mionaideach** air a' phàtran aig teòthachd chruinneil chuibheasach thairis air ùine. 4


(b) **Thoir cunntas mionaideach** air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig atharrachadh sa ghnàth-shìde air daoine agus air an àrainneachd.

Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoirt air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh. 6

Comharran iomlan 10

Ceist 10 – Buaidh Obair Dhaonna air an Àrainneachd Nàdarra

Diagram C10 – Grafaichean Gnàth-shìde



(a) Thoir sùil mhionaideach air Diagram C10.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C10 thoir cunntas mionaideach air na h-eadar-dhealachaidhean eadar an dà ghnàth-shìde.

4

(b) Thoir cunntas mionaideach air a' bhuidh a tha aig obair dhaonna air daoine agus air an àrainneachd.


Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoirt air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh.

6

Comharran iomlan 10

Ceist 11 – Cunnartan Àrainneachd

Diagram C11 – Stoirmean Tropaigeach



CLÀR  Teòthachd na mara thar 26°C

 Slighean stoirm tropaigeach

(a) Faic Diagram C11.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C11, **thoir cunntas mionaideach** air far am faighear stoirmean tropaigeach air feadh an t-saoghail.

4

(b) **Thoir cunntas mionaideach mionaideach** air na dòighean anns am faod cobhair buaidh chunnartan àrainneachd a lùghdachadh.

Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoirt air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh.

6

Comharran iomlan 10

Ceist 12 – Malairt agus Cruinneachas

Diagram C12 – Prìomh Steach-bhathar agus Mach-bhathar airson dùthaich ainmichte

Prìomh Mach-bhathar	%	Prìomh Steach-bhathar	%
Cofaidh, teatha, spìosraidh	19	Connadh, a' gabhail a-steach ola	24
Fiodh	10	Innealan	9
Glasraich	5	Uidheam dealain agus eileagtronaigeach	7
Meinnirean agus meatailtean	4	Carbadan	7
<i>Luach iomlan</i>	<i>\$4.8 billean</i>	<i>Luach iomlan</i>	<i>\$11 billean</i>

(a) Faic Diagram C12.

A bheil na h-àireamhan sin a' sealltainn dùthaich leasaichte no dùthaich fo leasachadh?

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C12 thoir adhbharan mionaideach airson do fhreagairt.

4

(b) Thoir cunntas mionaideach air na dòighean anns am bi Malairt Chothromach a' cuideachadh thuathanach anns na dùthchannan fo Leasachadh.

Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoir air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh.

6

Comharran iomlan 10

Ceist 13 –Turasachd

Diagram C13 – Àireamhan Luchd-turais gu Ceann-uidhe Eadar-nàiseanta (milleanan)

Ceann-uidhe	1995	2010	2020 (tuairmse)
Afraga	20	47	77
Ameireaga	109	190	262
Àisia an Ear/An Cuan Sèimh	81	195	397
An Roinn Eòrpa	338	527	717
An Ear Mheadhanach	12	36	69
Àisia a Deas	4	11	19
Gu lèir	564	1,006	1,541
Siubhal fada	101 (18%)	216 (21%)	378 (25%)

(a) Faic Diagram C13.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C13 **thoir cunntas mionaideach** air na h-atharrachaidhean anns na h-àireamhan de luchd-turais à dùthchannan eadar-nàiseanta eadar 1995 agus 2020.

4

(b) **Thoir cunntas mionaideach** air na buannachdan agus na duilgheadasan a tha air an adhbharachadh le meudachadh ann an turasachd ann an dùthchannan fo leasachadh.


Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoirt air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh.

6

Comharran iomlan 10

Ceist 14 – Slàinte

Diagram C14: Dùil-beatha Chuibheasach (Bliadhnaichean)



(a) Faic Diagram C14.

Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Diagram C14, **thoir cunntas mionaideach** air na h-atharrachaidhean ann an dùil-aoise air feadh an t-saoghail.

4

(b) **Thoir cunntas mionaideach** air na cùisean Fìsiceach agus/no daonna a bhios ag adhbharachadh ghalaran.

Bu chòir don fhreagairt agad iomradh a thoirt air eisimpleirean a tha thu air a sgrùdadh.

6

Comharran iomlan 10

[CRÌOCH SAMPALL PÀIPEAR CHEISTEAN]



Teisteanais
Nàiseanta
SÀMPALL A-MHÀIN

SQ19/N5/01

Cruinn-eòlas

Stiùireadh Ceartachaidh

Tha an Stiùireadh Ceartachaidh seo ga thoirt seachad gus sealltainn mar a bhiodh SQA air an Sampall de Phàipear-cheistean seo a cheartachadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh gus taic a thoirt do theisteanasan SQA air bhunait neo-mhalairteach a-mhàin. Ma tha e gu bhith air a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumaidh cead sgrìobhte a bhith air fhaotainn bho sgioba Mhargaidheachd SQA aig marketing@sqa.org.uk.

Far a bheil stuthan bho stòran eile san fhoillseachadh a thuilleadh air stòran SQA (ie dàrna dlighe-sgrìobhaidh), cha bu chòir an stuth seo ath-riochdachadh ach airson adhbharan deuchainn no measaidh. Ma dh'fheumas e a bhith air ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, is e uallach an neach-cleachdaidh a tha ann an cead dlighe-sgrìobhaidh iomchaidh fhaighinn.

Pàirt a h-Aon: Prionnsapalan Ceartachaidh Coitcheann airson Cruinn-eòlas Nàiseanta5

Tha am fiosrachadh seo air ga thoirt seachad gus do chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumas tu a chur an sàs nuair a bhios tu a' ceartachadh freagairtean nan oileanach do na ceistean sa Phàipear seo. Feumaidh na prionnsapalan sin a bhith air an leughadh còmhla ris an Stiùireadh Ceartachaidh sònraichte airson gach ceist. Tha na sgeamaichean ceartachaidh air an sgrìobhadh gus taic a thoirt ann a bhith a' dearbhadh 'an fhreagairt as lugha ris an tèid gabhail' an àite a bhith a' dèanamh liosta den h-uile freagairt ceart agus ceàrr a b' urrainn a bhith ann.

- (a) Feumaidh comharran airson gach freagairt bho oileanach a bhith an-còmhnaidh a rèir nam prionnsapalan ceartachaidh coitcheann sin agus an Stiùireadh Ceartachaidh sònraichte airson na ceist.
- (b) Bu chòir do cheartachadh an-còmhnaidh a bhith deimhinneach, ie bu chòir comharran a bhith air an toirt seachad airson nan nithean a tha ceart agus chan ann air an toirt air falbh airson mhearachdan no nithean a chaidh fhàgail às.
- (c) (i) Gus comharran a thoirt, feumaidh puingeann a bhith co-cheangailte ris a' cheist a chaidh a chur.
- (ii) Tha sia seòrsachan ceist air an cleachdadh sa phàipear-cheistean seo agus is iad sin:
- A. Thoir cunntas air...
 - B. Minich...
 - C. Thoir adhbharan...
 - D. Maids...
 - E. Thoir fianais mapa...
 - F. Thoir buannachdan agus/no eas-bhuannachdan...
- (iii) Airson gach seòrsa ceist sa phàipear seo, tha na leanas a' toirt tar-shealladh air prionnsapalan ceartachaidh agus eisimpleir den dòigh airson a chleachdadh airson gach seòrsa ceist.

Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Thoir cunntas air...* (4-6 comharran)

Feumaidh oileanaich grunn phuingeann buntainneach, fìorasach a thoirt seachad. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh phuingeann. Chan fheum na puingeann a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach iomchaidh.
- Bu chòir **tuilleadh chomharran** a thoirt airson leudachadh agus eisimpleirean.

Ceist: Thoir cunntas mionaideach air buaidh a dhà de na factaran a tha air an

sealltainn. (Factaran a tha a' toirt buaidh air tuathanachas an-diugh).

Eisimpleir:

Tha teicneòlas ùr a' ciallachadh gu bheil barrachd bàrr a' fàs (*aon chomharra*), a' ciallachadh gu bheil prothaidean nas fheàrr ann do chuid de thuathanaich (*an dàrna comharra airson leudachadh*).

Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Thoir cunntas mionaideach...* (4-6 comharran)

Feumaidh oileanaich grunn phuingeann a dhèanamh a nì am pròiseas/an suidheachadh simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no adhbhar airson ceangal eadar tachartasan no pròiseasan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach bheachdan teòiridheach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a chur ann an òrdugh prìomhachais. Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin. Mar as trice thèid an abairt 'cunntas mionaideach' a chleachdadh nuair a dh'fheumas oileanaich eòlas agus tuigse a shealltainn. Ach, a rèir co-theacsa na ceist, dh'fhaodadh na facail 'thoir adhbharan' a bhith air an cleachdadh.

Ma chleachdas oileanaich diagraman làn-leubailte, dh'fhaodadh iad suas gu na làn-chomharran fhaighinn ma tha na diagraman ceart agus mionaideach gu leòr.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach cheart.
- Bu chòir **tuilleadh chomharran** a thoirt airson mìneachadh leudaichte.

Ceist: Thoir cunntas mionaideach air cruthachadh gleann air chumadh U.

Eisimpleir:

Bidh eigh-shruth a' gluasad sìos prìomh ghleann agus ga bhleith (1 *chomharra*) le spionadh, far am bi deigh a' reothadh air mirean creige agus gan slaodadh air falbh. (*an dàrna comharra airson leudachadh*).

Ceistean a bhios ag iarraidh air oileanaich *Thoir adhbharan airson...* (4-6 comharran)

Feumaidh oileanaich grunn phuingeann a dhèanamh a nì am pròiseas/an suidheachadh simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no adhbhar airson ceangal eadar tachartasan no pròiseasan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach bheachdan teòiridheach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a chur ann an òrdugh prìomhachais. Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin. Thèid na facail 'Thoir adhbharan' a chleachdadh mar as trice nuair a dh'fheumas oileanaich fiosrachadh bho stòran a chleachdadh. Ach, a rèir co-theacsa na ceist, dh'fhaodadh an abairt 'cunntas mionaideach' a bhith air a chleachdadh.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach cheart.
- Bu chòir **tuilleadh chomharran** a thoirt airson adhbharan leudaichte.

Ceist: Thoir adhbharan airson nan eadar-dhealachaidhean anns an t-sìde eadar Bèal Feirste agus Stockholm.

Eisimpleir:

Ann an Stockholm tha i tioram, ach ann am Bèal Feirste tha i fliuch oir tha Stockholm air sòn bruthadh àrd ach tha Bèal Feirste ann an isleachadh (aon chomharra). Tha Bèal Feirste faisg air an aghaidh bhlàth agus mar sin tha an t-uisge ann (*an dàrna comharra airson mìneachadh*).

Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Mairs* (3-4 comharran)

Feumaidh oileanaich dà sheata chaochladairean a mhaidseadh le bhith a' cleachdadh sgilean eadar-mhìneachadh mapa.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach freagairt ceart.

Ceist: Mairs na litrichean A gu C ris na feartan cearta.

Eisimpleir: A = Coilltearachd (1 *chomharra*)

Ceistean a bhios ag iarraidh air oileanaich *Thoir fianais mapa* (3-4 comharran)

Feumaidh oileanaich coimhead airson fianais air a' mhap agus cunntasan soilleir a thoirt airson taic a thoirt don fhreagairt aca.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

Ceist: Thoir fianais mapa gus sealltainn gu bheil pàirt de PSG Choventry ann an ceàrnag-clèithe 3379.

Eisimpleir: Tha mòran rathaidean a' coinneachadh sa cheàrnaig seo (1 *chomharra*).

Ceistean a bhios ag iarraidh air oileanaich *Thoir fianais air buannachdan agus/no eas-bhuannachdan* (4-6 comharran)

Feumaidh oileanaich buannachdan no eas-bhuannachdan buntainneach a thaghadh a thaobh leasachadh a thathar a' moladh, agus an tuigse a shealltainn air an dòigh sa bheil iad cudromach don mholadh. Faodaidh puingeann a tha air am mineachadh ann am beagan fhaclan a bhith sna freagairtean, no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte gus barrachd chomharran a chosnadh.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson na ceist seo:

- Bu chòir **aon chomharra** a thoirt airson gach puing bhuntainneach cheart.
- Bu chòir **tuilleadh chomharran** a thoirt airson phuingeann leudaichte.
- Bu chòir **comharran** a thoirt airson fianais mapa ceart.

Ceist: Thoir cunntas air na buannachdan no na h-eas-bhuannachdan a tha an lùib an làraich seo airson ionad-bhùthan. Feumaidh tu fianais mapa a chleachdadh gus taic a thoirt don fhreagairt agad.

Eisimpleir: Tha rathaidean agus mòr-rathaidean faisg air làimh a leigeas le bathar a bhith air a libhrigeadh gu furasta (1 *chomharra*) agus le luchd-ceannach faighinn ann (1 *chomharra airson leudachadh*), me an A46, M6 agus M69.

Pàirt a Dhà

Earrann 1: Àrainneachdan Fìsiceach

Earrann 1		Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson an t-seòrsa ceist seo	Comharran iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
1	a	1 chomharra airson gach freagairt ceart.	3	Gleann air chumadh U 483685 Coire 467677 Spor gearrte 476683
1	b	Dh'fhaodadh diagram air a bheil notaichean matha làn-chomharran a chosnadh. 1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte	4	1 chomharra a-mhàin airson liosta shìmplidh de phròiseasan. me Bidh eigh-shruth a' gluasad sìos prìomh ghleann agus ga bhleith (1) le spionadh, far a bheil deigh a' reothadh air mìrean creige agus gan slaodadh air falbh (1) agus le sgrìobadh, far a bheil mìrean creige a tha an sàs anns an deigh a' sgrìobadh uachdar na talmhainn. (1) Mar thoradh air a sin, bidh an gleann a' fàs nas doimhne, nas dìriche agus nas leatha (1).
2	a	1 chomharra airson gach freagairt ceart.	3	Gleann air chumadh V 457668 Lùb-aibhne 522623 Abhainn a' sruthadh dhan Iar-thuath 435663
2	b	Dh'fhaodadh diagram air a bheil notaichean matha làn-chomharran a chosnadh. 1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte	4	1 chomharra a-mhàin airson liosta shìmplidh de phròiseasan. me Aig lùb ann an abhainn, bidh an t-uisge air a phutadh gu taobh a-muigh na lùib agus bidh seo ag adhbharachadh bleith (1). Bidh an sruth a tha nas slaodaiche air taobh a-staigh na lùib ag adhbharachadh tasgadh (1). Thar ùine, bidh bleith a' dèanamh amhach na lùib nas cumhainge (1). Mu dheireadh thall, mar as trice aig àm tuil, gearraidh an abhainn tron amhaich (1). Tha an sruth as luaithe a-nis ann am meadhan na h-aibhne agus bidh tasgadh a' tachairt ri taobh nam bruaichean (1) gus mu dheireadh thall gum bi an lùb-aibhne air a dùnadh, agus thèid loch bogha-daimh a chruthachadh (1).

3	1 chomharra airson gach freagairt ceart.	3	<p>A = Coilltearachd B = Abhainn Pheothair C = Rèile air a toirt às a chèile</p>
4	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingean a dhèanamh a nì am pròiseas/an suidheachadh sìmplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no adhbhar airson ceangal eadar tachartasan no pròiseasan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach bheachdan teòiridheach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a chur ann an òrdugh prìomhachais. Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p>	4	<p>Aon chomharra airson gach puing bhuntainneach cheart.</p> <p>Dàrna comharra airson adhbhar leudaichte sam bith.</p> <p>Thèid comharran a thoirt seachad a-mhàin airson eadar-dhealachaidhean a chomharrachadh agus a mhineachadh. Chan eil comharran air an toirt airson phuingean a tha dìreach a' dèanamh aithris.</p> <p>Freagairtean a bhiodh iomchaidh:</p> <p>Tha a' ghaoth on Iar-thuath ann an Stockholm, ach ann am Bèal Feirste tha i on àirde a Deas air sgàth co-thaobhadh eadar-dhealaichte nan loidhnichean-bruthaidh (1), bidh gaothan a' sèideadh tuathal timcheall air isleachadh, ach deiseal timcheall air bruthadh àrd (1). Bidh gaothan nas làidire ann am Bèal Feirste oir tha na loidhnichean-bruthaidh nas fhaisge air a chèile (1). Ann an Stockholm tha i tioram ach ann am Bèal Feirste tha i fliuch oir tha Stockholm air sòn bruthadh àrd ach tha Bèal Feirste ann an isleachadh (1). Tha Bèal Feirste faisg air an aghaidh bhlàth agus mar sin tha an t-uisge ann (1). Tha 8 ochdamhan de chòmhdach sgòtha ann am Bèal Feirste seach gu bheil e faisg air an aghaidh bhlàth (1), ach ann an Stockholm chan eil buaidh fhathast aig na sgòthan a tha co-cheangailte ris an aghaidh bhlàth a tha a' tighinn nas fhaisge (1). Tha an teòthachd ann am Bèal Feirste nas bàithe na ann an Stockholm leis gu bheil e san earrainn bhlàth (1). Ma bhios adhar soilleir agus bruthadh àrd ann san Fhaoilleach, bidh teòthachd fhuar ann an Stockholm (1).</p>

5	<p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p> <p>Bidh na freagairtean a rèir an t-seòrsa dealbh-tìre a chaidh a thaghadh.</p>	6	<p>Feumar cunntas a thoirt air co-dhiù <u>dà</u> sheòrsa cleachdadh-fearainn airson làn-chomharran.</p> <p>Freagairtean iomchaidh airson Àrd-thalamh Clach-aoil:</p> <p>Gu tric bidh còmhstri eadar obair tuathanachais agus còraichean cothrom luchd-coiseachd (1), luchd-coiseachd a' fàgail gheataichean fosgailte (1), coin a' ruith chaorach (1), ballaichean cloiche air am milleadh (1). 'S dòcha gum fàg luchd-turais neo-chùramach sgudal às an dèidh (1).</p> <p>Gu tric bidh còmhstri eadar obair-cuaraidh agus turasachd leis gum bi i a' milleadh bòidhchead na dùthcha (1), mar eisimpleir Cuairid Swinden ann an Dailean Siorrachd Iorc (1); cuideachd air sgàth obair cuairid, bidh làraidhean mòra air rathaidean cumhang (1), fuaim agus truailleadh èadhair (1), agus dh'fhaodadh a h-uile càil a tha sin luchd-turais a chumail air falbh bhon sgìre (1).</p>
---	--	---	---

Earrann 2: Àrainneachdan Daonna

Earrann 2		Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson an t-seòrsa ceist seo	Comharran iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
6	a	1 chomharra airson gach puing èifeachdach.	3	Tha mòran rathaidean a' coinneachadh sa cheàrnaig seo (1), tha ionad-fiosrachaidh luchd-turais ann (1), mòran eaglaisean (1), cathair-eaglais (1), stèisean-bus (1).
6	b	Faodaidh làn-chomharran a thoirt an dàrna cuid airson bhuannachdan no eas-bhuannachdan no airson measgachadh de na dhà dhiubh.	5	<p>Aon chomharra airson gach freagairt èifeachdach no a dhà airson puing leudaichte.</p> <p>Buannachdan: Tha am fearann còmhnaidh agus mar sin fuarasta togail air (1) tha rùm ann airson leudachadh (1) tha rathaidean agus mòr-rathaidean faisg air làimh a leigeas le bathar a bhith air a libhrigeadh (1) agus le luchd-ceannach faighinn ann(1) me an A46, M6 agus M69 (1) tha an talamh nas saoire air an iomall (1) gheibhear luchd-obrach bhon sgeama taigheadais faisg air làimh (1) me Walsgrave air Sowe (1) gheibhear mòran luchd-ceannach bho mhòr-bhaile Coventry (1).</p> <p>Eas-bhuannachdan: Bidh rathaidean a' cleachdadh raointean mòra fearainn agus mar sin chan eil ach beagan air fhàgail airson togail air (1) agus dh'fhaodadh tòrr trafaig a bhith air na snaidhmeannan-rathaid aig na h-amannan as trainge (1) dh'fhaodadh fuaim agus truailleadh èadhair a bhith sa cheàrnaidh seo (1) tha abhainn a' ruith tron cheàrnaig, a' cur bacadh air leasachadh (1) agus dh'fhaodadh i tuil adhbharachadh (1).</p>

7	<p>Airson làn-chomharran bu chòir dà fheart a bhith air an ainmeachadh.</p> <p>Thoir suas gu 4 comharran airson aon fheart.</p> <p>1 chomharra airson gach freagairt èifeachdach no 2 airson puing leudaichte.</p>	6	<p>me Ma tha Teicneòlas Ùr air a thaghadh:</p> <p>Dùthaich fo Leasachadh – Meudachadh ann an toradh an fhearainn (1) prothaidean nas fheàrr do chuid de thuathanaich (1) a dh'fhaodas an uair sin a bhith air an cleachdadh gus an ìre bith-beò coitcheann a leasachadh (1) nas lugha de dh'obair chorpóra do dhaoine (1) ach nas lugha de dh'obraichean do dhaoine (1) cosgais innealan(1) feumaidh innealan càradh agus cosgaidh sin tuilleadh airgid (1) agus tha sin ro chosgail do mhòran dhùthchannan fo leasachadh (1).</p> <p>Dùthaich Leasaichte – A' meudachadh èifeachdas air tuathanas, a' leigeil leis an tuathanach treabhadh, cur, frasadh msaa nas luaithe, agus thar raointean nas motha (2) Cuideachd, tha obair an fhoghair air a dèanamh nas luaithe, agus tha an toradh nas ùire nuair a ruigeas e na margaidhean (1) agus aig luach nas àirde (1). Tha e cuideachd a' ciallachadh nach fheumar uimhir de luchd-obrach (1) agus mar sin tha cosgais thuarastalan nas ìsle (1). Tha e a' ciallachadh gum faodar teicneòlas saideil/coimpiutairean a chleachdadh gus smachd a chumail air sgaoileadh todhair air raointean sònraichte de dh'achaidhean (1) a' meudachadh an toraidh (1) ach a' lùghdachadh na cosgais agus an sgudail oir cha bhi ach na tha riatanach ga chur air gach earrann a rèir mathas na h-ùire ann an sin (2).</p> <p>no puing èifeachdach sam bith eile.</p>
---	--	---	---

8	<p>1 chomharra airson gach freagairt èifeachdach no 2 airson puing leudaichte.</p> <p>Bu chòir don fhreagairt a bhith na mhìneachadh. Chan eil comharran air an toirt airson puingean a tha dìreach ag aithris.</p>	6	<p>Tha co-chuid nas àirde de shluagh Cheinia fo aois 15 oir tha reatan-breith nas àirde ann an dùthchannan fo leasachadh (1) far a bheil àireamh nas lugha de bhoireannaich a' faighinn cothrom air foghlam (1) agus far a bheil nas lugha a' cleachdadh casg-gineamhainn (1) agus far nach eil e cho furasta fiosrachadh fhaighinn air dòighean casg-gineamhainn (1). Tha àireamh nas motha thar 60 bliadhna sna SA oir tha cothrom aig barrachd dhaoine air leigheas meidigeach na tha ann an Ceinia far a bheil nas lugha de dh'airgead gus ionadan-slàinte agus ospadail a shuidheachadh. (2). Tha inbhe beòshlaint àrd sna SA a' ciallachadh gu bheil cothroman gu leòr aig boireannaich dreuchdan a bhith aca agus tha seo a' lùghdachadh reatan-breith (1). Tha reat-bàis chloinne nas àirde ann an Ceinia agus mar sin bidh mòran chloinne aig daoine gus dèanamh cinnteach gum mair cuid dhiubh beò (1). Bidh mòran chloinne aig tòrr theaghlaichean ann an Ceinia gus an cuir iad ri teachd-a-steach an teaghlaich nuair a bhios iad aosta gu leòr, agus gun coimhead iad às an dèidh nuair a dh'fhàsas iad sean (2).</p> <p>No puing èifeachdach sam bith eile.</p>
---	---	---	--

Earrann 3: Nithean Domnhanta

Earrann 3.		Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson an t-seòrsa ceist seo	Comharran iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte airson na ceist seo
9	a	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuinean buntainneach, fìorasach a thoirt seachad. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh phuinean. Chan fheum na puinean a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuinean neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de phuinean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	4	<p>Tha an graf a' sealltainn àrdachadh seasmhach san teòthachd chruinneil chuibheasach bho 1860 (1) de mu 1 phuing C (1); tha mòran chaochlaidhean ann, ach bho mu 1945 gu 1965 bha glè bheag de dh' àrdachadh san fharsaingeachd san teòthachd (2); ach bho 1970, tha an t-àrdachadh air a bhith nas luaithe (1).</p>

9	b	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingeana a dhèanamh a nì am pròiseas/an suidheachadh simplidh no soilleir, mar eisimpleir le bhith a' sealltainn cho-cheanglaichean eadar factaran, no adhbhar airson ceangal eadar tachartasan no pròiseasan. Bu chòir dhaibh sin a bhith nam prìomh adhbharan agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach bheachdan teòiridheach. Cha leigear a leas na h-adhbharan sin a chur ann an òrdugh prìomhachais.</p> <p>Faodaidh oileanaich grunn adhbharan neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de dh'adhbharan leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>A thaobh a bhith a' mìneachadh cruthachadh feart-tìre, faodaidh oileanaich diagraman làn-leubailte ullachadh a bhios airidh air làn-chomharran ma bhios iad ceart agus mionaideach gu leòr.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	6	<p>Feumaidh freagairtean cunntas a thoirt an dà chuid air buaidhean daonna agus àrainneachd agus bu chòir eisimpleirean a bhith ann le ainmean orra, no comharraich a-mach à 4. Dh'fhaodadh mìneachadh a bhith ann am freagairt math agus dh'fhaodadh cunntas a thoirt air barrachd air aon eisimpleir fìorasach.</p> <p>Freagairtean iomchaidh:</p> <p>Adhbharaichidh teòthachd nas blàithe àrdachadh ann an àirde na mara (1) leis gum bi ceapan-deighe a' leaghadh, ach cuideachd mar thoradh air leudachadh tearmach an t-sàil (2); tha e coltach gun adhbharaich seo mòr-thuilleachadh ann am mòran sgìrean mar na Fenlands air taobh an ear Shasainn agus Dealta na Ganges ann am Bangladeis (2); ann an cuid de dh'àiteachan mar na h-Eileanan Kiribati, tha na daoine air a bhith air an gluasad air falbh air sgàth cunnart bho thuilleachadh (1). Ann an ceàrnaidhean eile den t-saoghal mar sgìre Sahel de Afraga a Tuath, faodaidh atharrachadh gnàth-shìde tiormachd adhbharachadh nas trice (2), a' toirt buaidh air comas dhaoine biadh fhàs agus ag adhbharachadh gort a bhith ann nas trice (2). San RA, 's dòcha nach fhàs sìol-cura buntàta cho math air sgàth suidheachadh nas blàithe agus nas fliuiche (2) ach 's dòcha gum biodh e comasach do thuathanaich bàrr eadar-dhealaichte mar measan boga fhàs nan àite(1). Dh'fhaodadh teòthachd chruinneil nas blàithe cuideachd atharrachadh a dhèanamh air àrainnean mòran sheòrsaichean eadar-dhealaichte de fhiadh-bheatha, ag adhbharachadh meudachadh sna seòrsaichean de phlàighean de bhiastagan san RA mar eisimpleir (2).</p>
---	---	--	---	---

10	a	<p>Thoir comharran a-mhàin airson eadar-dhealachaidhean soilleir. Chan fhaighear comharran idir airson cunntas air aon seòrsa gnàth-shìde.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 airson puing leudaichte.</p>	<p>4</p> <p>Tha gnàth-shìde na coille-uisge thropaigich mòran nas fliuiche agus nas blàithe na gnàth-shìde an tundra (2); sa mhìos as fliuiche sa choille-uisge bidh 275 millimeatair de dh'uisge ann ach bidh nas lugha na 50 millemeatair sa mhìos as fliuiche san tundra(1); tha an teòthachd as àirde sa choille-uisge mu 27 puing C ach san tundra chan eil e ach 12 puing C (1); chan eil coltas ann gu bheil ràithean sa choille-uisge ach tha atharrachaidhean glè shoilleir sna ràithean san tundra (1); tha raon de 39 puingean C san teòthachd san tundra ach dìreach 2 phuing C sa choille-uisge (1).</p> <p>no puing èifeachdach sam bith eile.</p>
----	---	---	--

10	b	<p>Feumaidh freagairtean cunntas a thoirt an dà chuid air buaidh daonna agus àrainneachd, agus bu chòir eisimpleirean a bhith ann le ainmean orra, no ceartaich a-mach à 5.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	6	<p>me coille-uisge thropaigeach</p> <p>Tha sgìre Rondonia de Bhrasil air fulang le mòran dì-coillteachaidh sna deicheadan de bhliadhnaichean a chaidh seachad (1) a thuilleadh air call chraobhan, chaidh cur às do dh'àrainnean fiadh-bheatha agus do fhearann thùsanach mar an Surui (2); bidh an Surui a' sealg sa choille agus cuideachd a' cruinneachadh mheasan agus dhearcagan 's mar sin chan e a-mhàin am fearann agus an dachaighean a bhios iad a' call, ach cuideachd an stòr bìdh agus an dòigh beatha (2); ach dh'fhaodadh gum faigheadh iad obair a' leagail chraobhan(1); aon uair 's gu bheil na craobhan air an toirt air falbh, chan eil uimhir de dhion air an ùir agus faodaidh uisge trom bleith talmhainn luath adhbharachadh (1); thèid meinnirean a ghlanadh a-mach às an talamh agus gu math luath, fàsaidh an ùir neo-thorrach agus gun fheum (2); bidh dì-coillteachadh a' tachairt chan ann a-mhàin mar thoradh air companaidhean logaidh a bhios a' mach-ghluasad fiodh cruaidh ach cuideachd mar thoradh air tuathanaich bheaga a bhios a' glanadh air falbh na coille gus am feuch iad ris an talamh obrachadh (2); tha sealbhadairean fearainn beairteach air piosan mòra de choille a leagail gus planntachasan a stèidheachadh airson phònairean soya, ola pailme agus bith-chonnaidhean(1).</p> <p>me tundra</p> <p>Ann an sgìre Bàgh Phrudhoe de dh'Alasga, tha drileadh airson ola agus pìob-loidhne Thar-Alasga air milleadh a dhèanamh air fàs-bheatha agus fiadh-bheatha lag an tundra (1); chaidh dòigh-beatha an Inuit a tha a' fuireach san àite a mhilleadh oir chan eil e comasach dhaibh tuilleadh cothrom fhaighinn air an fhearann air fad far am b' àbhaist dhaibh a bhith a' sealg (1); is e glè bheag de dhaoine a bhuineas dhan àite a fhuair obair an lùib gnìomhachas na h-ola ach tha droch bhuidh air a bhith an lùib iad a bhith a' suathadh ri cultar an taobh siar, a tha ag adhbharachadh alcolachd no ana-caitheamh dhrogaichean (2); tha gnìomhachas na h-ola air mòran saidhbhreis a thoirt do mhuinntir Alasga aig a bheil an teachd-a-steach cuibheasach as àirde san USA (2). Ann an sgìrean costail ann an Graonlainn tha atharrachadh gnàth-shìde a' toirt droch bhuidh air àrainnean bheathaichean mar am mathan bàn agus cuideachd air cleachdaidhean dùthchasach nan Inuit leis gu bheil am muir reòthte airson ùine nas giorra agus gu bheil an seusan seilg nas giorra don mhathan bàn agus do dhaoine (2).</p> <p>no puing èifeachdach sam bith eile.</p>
----	---	--	---	--

11	a	<p>Feumaidh cunntasan a bhith mionaideach.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach.</p> <p>2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	4	<p>Chan fhaighear comharran sam bith airson mìneachadh air an dòigh anns a bheil stoirm thropaigeach ga cruthachadh.</p> <p>Tha stoirmean tropaigeach rim faotainn ann an sgìrean le muir nas blàithe na 26 puingeann C (1); tha iad rim faotainn ann an Camas Mheagsago agus sa Charibbean (1); tha iad cuideachd rim faotainn ann an ceàrnaidhean den Chuan Shèimh an ear mar Muir Shìona a Deas, a' toirt buaidh air dùthchannan mar na Filipìonan agus Iapan (2); sa Chuan Innseanach agus am Bàgh Bhengal, bidh cuairt-ghaothan tric a' dèanamh milleadh ann an dùthchannan mar Bangladesh, Na h-Innseachan agus Sri Lanka (2).</p>
11	b	<p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach.</p> <p>2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	6	<p>Ann an sgìre Ercis agus Van den Tuirc an Ear san Dàmhair 2011, bha feum air cobhair gu grad gus na ceudan de dhaoine a bha air an glacadh a shaoradh (1); thàinig sgiobaidhean teasairginn bho air feadh an t-saoghail, glè thric le coin shònraichte agus camarathan infra-dhearg, gus daoine a shaoradh bho thogalaichean a thuit (2); bha feum aca air teantaichean agus air plaidichean airson nam mìltean de dhaoine a chaill an dachaighean (1) agus a bhiodh ann an cunnart bho hypothermia nam biodh aca ris an oidhche a chur seachad a-muigh (1); bha feum air uisge ann am botail anns a' bhad oir bha an solar-uisge air a ghearradh dheth (1); bha feum air cobhair mheidigeach airson nam mìltean de dhaoine a bha air an leòn (1).</p> <p>Bhiodh feum air airgead gus cuideachadh ri taighean dhaoine ath-thogail agus cuideachd na seirbheisean a dh'fheumas iad leithid sgoiltean, ospadalan agus clionaigean (2); rachadh cobhair bho riaghaltasan cèin no bhon UN a chleachdadh gus bun-structair cudromach mar pioban-uisge, solar dealain, rathaidean agus drochaidean ath-thogail (2); bhiodh trèanadh ann airson a bhith a' gluasad dhaoine a-mach às an àite/drile airson crith-talmhainn (1); dh'fheumadh na tuathanaich sìol agus tractaran fhaighinn gus leigeil leotha bàrr a chur a bheireadh biadh dha na daoine san àm ri teachd (1)</p> <p>no puing èifeachdach sam bith eile.</p>
12	a	Comharran airson an roghainn a mhìneachadh.	4	Cha tèid comharran a thoirt airson a bhith ag aithneachadh dùthaich fo leasachadh.

				<p>Adhbharan iomchaidh:</p> <p>Sa mhòr-chuid bidh e a' cur a-mach stuthan amh (bun-bhathar) air bheag luach (1) agus a' toirt a-steach bathar saothraichte anns a bheil luach mòr (1). Tha i an eisimeil air stuthan àiteachais airson mu 34% den teachd-a-steach aice(1). Cha bhi i a' cur cus bathar saothraichte a-mach às an dùthaich (1). Tha an dùthaich seo a' fulang bho easbaidh malairt (1).</p>
12	b	<p>Cha tèid comharran a thoirt airson a bhith a' togail nithean dìreach bho na diagraman.</p> <p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	6	<p>Freagairtean iomchaidh:</p> <p>Barrachd airgid a' dol dìreach chun an tuathanaich, a' gearradh às an fheadhainn sa mheadhan a bhios a' falbh le cuid de na prothaidean (1). Gheibh tuathanaich barantas air ios-mheud pris gus nach bi buaidh cho mòr aig caochlaidhean ann am prìsean orra (1) agus faodaidh iad airgead fhaighinn ro-làimh gus nach bi dìth orra (1). Thèid barrachd dhen airgead gu na coimhearsnachdan as urrainn a thasgadh ann a bhith a' leasachadh nan suidheachaidhean sa bheil iad a' fuireach (1). Faodaidh airgead a bhith air a chleachdadh gus dealan agus uisge glan a sholar no airson foghlam (1). Tha malairt chothromach cuideachd a' misneachadh tuathanaich gu bhith a' dèiligeadh gu math ris an luchd-obrach aca (1) agus a bhith a' coimhead às dèidh na h-àrainneachd (1). Glè thrì bidh tuathanaich malairt chothromach cuideachd nan tuathanaich organach nach bi a' cleachdadh stuthan ceimigeach air am bàrr (1).</p>
13	a	<p>1 chomharra airson gach freagairt èifeachdach. Feumaidh freagairtean iomradh a thoirt air <u>atharrachaidhean</u>.</p>	4	<p>Tha àireamhan Afraga ìosal ach tha iad a' sealltainn meudachadh cha mhòr ceithir uiread eadar 1995 agus 2020 (1); tha na h-àireamhan airson Ameireaga (Tuath agus Deas) agus Àisia an Ear/an Cuan Sèimh glè choltach ri chèile ann an 2010, ach thathar a' sùileachadh gum bi àrdachadh gu math nas luaithe ann an Àisia an Ear/an Cuan Sèimh ro 2020 (1) le còrr is 100 millean neach-turais a bharrachd na anns na h-Ameireagathan (1); thathar a' sùileachadh gun leudaich àireamhan luchd-turais san Roinn Eòrpa còrr is a dhà uiread eadar 1995 agus 2020 (1). Tha àireamhan luchd-turais san Ear Mheadhanach a' meudachadh fiù 's nas luaithe na an Roinn Eòrpa (1) le sùil gun dùblaich an àireamh iomlan an ìre mhath eadar 2010 agus 2020 (1).</p> <p>No puing èifeachdach sam bith eile.</p>

13	b	1 chomharra airson freagairt èifeachdach agus 2 chomharra airson puing leudaichte.	<p data-bbox="920 153 2051 217">6 Airson làn chomharran feumaidh an dà chuid sochairean agus duilgheadasan a bhith air an ainmeachadh. Mura bi, ceartaich a-mach à 4.</p> <p data-bbox="987 252 1155 284">Sochairean:</p> <p data-bbox="987 304 2051 472">A' toirt a-steach airgead air a bheil cruaidh fheum (1), a bu chòir cor beòshlaint nan daoine a leasachadh (1). Bheir e cothroman obrach do mhuintir an àite (1) nach fheum mòran sgilean (1). Gheibh gnìomhachasan ceàird-làimhe ionadail buannachd às (1), bu chòir do mhuintir an àite buannachd fhaighinn bho leasachadh air seirbheisean (1).</p> <p data-bbox="987 507 1200 539">Duilgheadasan:</p> <p data-bbox="987 560 2051 935">Tha leasachadh air bailtean turasachd a' ciallachadh gu bheil a' call talamh àiteachais (1). Bidh iasgairean a' call làraich chostail do thaighean-òsta (1). Tha obraichean traidiseanta sna bailtean a' lùghdachadh (1). Tha meudachadh ann an turasachd a' ciallachadh gu bheil tuilleadh iarrtais ann airson uisge a' ciallachadh gu bheil gainne uisge ann (1). Faodaidh tràighean a bhith air an truailleadh le òtrachas (1). Faodaidh fiadh-bheatha an àite a bhith ann an cunnart (1) Chan eil cosnadh ann ach aig amannan den bhliadhna (1). Faodaidh dùthchannan fo leasachadh fàs gu bhith an eisimeil air teachd-a-steach bho thurasachd (1) agus dh'fhaodadh lùghdachadh ann an turasachd adhbharachadh meudachadh ann an cion-cosnadh (1) agus crìonadh adhbharachadh san eaconamaidh (1).</p> <p data-bbox="987 970 1469 1002">No puing èifeachdach sam bith eile.</p>
----	---	--	--

14	a	<p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	<p>4</p> <p>Ann am mòran dhùthchannan leasaichte tha dùil-aoise os cionn 80 bliadhna (1). Nam measg tha Canada, Iapan agus Astràilia (1). Ann an Sìona, cuid de dhùthchannan Ceann a Tuath Afraga agus Brasil tha dùil-aoise 70-79 bliadhna aca (1). Tha an dùil-aoise as isle air a' phlanaid ann an Afraga (1), gu h-àraidh ann an Etiòpia, Congo agus Angola far a bheil an dùil-aoise fo 50 (1). Tha an dùil-aoise as isle a tha ann ri fhaighinn ann an cuid de dhùthchannan ceann a deas Afraga far a bheil e fo 40 bliadhna. (1) San fharsaingeachd, tha dùil-aoise gu math nas àirde ann an dùthchannan leasaichte seach dùthchannan fo leasachadh (1).</p> <p>no puing èifeachdach sam bith eile.</p>
----	---	--	--

14	b	<p>1 chomharra airson gach puing èifeachdach. 2 chomharra airson puing leudaichte.</p>	<p>6 me tinneas cridhe:</p> <p>Ann an dùthchannan leasaichte mar an RA tha barrachd dhaoine le tinneas cridhe mar thoradh air factaran co-cheangailte ri dòigh-beatha dhaoine (1); glè thrì cha bhi daoine a' dèanamh gu leòr eacarsaich a chuidicheadh ann a bhith a' cumail an cridhe fallain (1); an àite a bhith a' coiseachd astaran goirid, bidh daoine a' toirt leotha an càr leis gu bheil e goireasach, ach 's dòcha gum biodh coiseachd na roghainn slàinte nas fheàrr (1); faodaidh daithead bho chuid cuideachd cunnart nas motha bho thinneas cridhe adhbharachadh (1); Mar eisimpleir, ma tha cus geir ann am biadh dhaoine dh'fhaodadh seo na cuislean aca a stobadh (1); mura h-ith iad gu leòr mheasan agus glasraich agus ma dh'itheas iad cus biadh air a phròiseasadh, dh'fhaodadh iad a bhith ann an cunnart nas motha tinneas cridhe fhaighinn (1); tha ìrean àrda de dh'uallach cuideachd ceangailte ri tinneas cridhe (1) agus faodaidh smocadh an cunnart a mheudachadh cuideachd (1).</p> <p>me a' chuing/an sac</p> <p>Faodaidh a' chuing/an sac a bhith air a thòiseachadh le galaran eile mar cnatain no am flu a bhios a' toirt buaidh air na sgamhain/a' caolachadh slighe na h-analach (1); faodaidh e a bhith mar thoradh air droch bhuidh alleirdseach ri fineagan-dust am broinn an taighe (1) no faodar fhaighinn bho phoilean cuid de lusan mar lus na h-ola (1); faodaidh droch èadhar, air sgàth cus smùid trafaig ann am bailtean trang 's dòcha, cuing/sac adhbharachadh (2); no ceò thoitean am broinn an taighe (1); faodaidh suidheachaidhean fuairidh no tungaidh ann an taighean a' chuing/an sac a thòiseachadh cuideachd (1).</p>
----	---	--	---

			<p>me mailèiria:</p> <p>Ann an dùthchannan fo leasachadh tha e coltach gum bi mailèiria ann an sgìrean far a bheil am mosgioto <i>anopheles</i> boireann (1); gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil uisge nach eil a' gluasad anns am faod na mosgiotothan a bhith a' briodadh (1); bidh am mosgioto <i>anopheles</i> beò ann an sgìrean blàth agus tais (1); far am bi mòran dhaoine a' fuireach faisg air a chèile gheibh am mosgioto cothrom an galair a sgaoileadh le bhith a' bìdeadh cuideigin air a bheil an galair agus a' toirt nam parasaitan gu furasta do dhaoine eile (2); ann am bailtean seantaidh mar eisimpleir, faodaidh mòran lòin le uisge sgudail a bhith ann (1); cuideachd mar a bhios an àireamh-sluaigh ag àrdachadh bidh barrachd achaidhean ruis ann, agus faodaidh iad sin a bhith nan deagh àite briodaidh airson a' mhosgioto <i>anopheles</i> (1).</p> <p>me kwashiorkor</p> <p>Bithear a' faighinn <i>Kwashiorkor</i> mar thoradh air dìth beathachaidh (1) far nach eil gu leòr pròtain san daithead (1); bidh e tric a' toirt buaidh air clann òg nuair a bhios iad a' sgur a dh'òl bainne bhom màthair agus air an cur air daithead le mòran glasraich làn stailc (1); 's dòcha gu bheil seo air sgàth 's nach eil eòlas gu leòr aig na teaghlachan mu dè a tha ann an daithead ceart (1) no gu bheil iad a' fuireach ann an ceàrnaidhean glè bhoichd far a bheil biadh le gu leòr pròtain doirbh fhaighinn/ro dhaor a cheannach (1); faodaidh clann ann an coimhearsnachdan ann an Afraga thropaigeach/ fo-thropaigeach a bhith fo chunnart <i>kwashiorkor</i> fhaighinn, gu h-àraidh far a bheil gort ann a-cheana a tha ag adhbharachadh droch dhaithead (1); faodaidh meud nan teaghlachan a bhith na fhactar cuideachd a thaobh <i>kwashiorkor</i> leis nach eil gu leòr de na seòrsachan cearta de bhiadh ann dhan h-uile neach (1).</p>
--	--	--	--

[CRÌOCH SAMPALL STIÙIREADH CEARTACHAIDH]